

Hall 133 j. 1. (1-2)



•

.

•

CEITHIR

ORAIN NUADH,

65

A RINNEADH AIR THUS,

AGUS THA 'NOIS AIR AN TOIRT AM FOLLAIS,

CHUM

QUIMHNEACHAIN URAMACH

AIR.

DEAGH DHAOINE,

DEAGH THEAGASG,

AGUS

DEAGH EISEIMPLEIR,

CHUIR AIR CHOIS AGUS A CHUMAIL SUAS.

"Ach cuimhn' is iomradh math a chaoiadh,

"Biaidh air an fhirean choir." DAIBHÍOSH.

ORAN BROIN.

A rinneadh an deigh bas ALASTAIR FRIOSAIL, D. D.
Ministeir an t-shoisgeil ann sgiore Chnuic-mhuire ; le
aon dhe 'n luchd-sgiore.

AIR FONN—A nochd gur faon mo chadal domh,
'S mi 'g achdan na bheil bhuam.

S GUR goirt an dusgadh madain leam,
A chaismeachd so a fhuair ;
'S e bas dheagh Mhaisteir Alastair,
Ga aithrais dhuinn mu 'n cuairt ;
Chuir e mo chroidh, is maigneanaibh,
Fuidh airsneoil 'n uar a chual ;
'S co fhad 's as beo air thalamh mi,
As m' aire fhein cha għluais.

'S e dh' fhag mo dheoruibh cabhagach,
Ruidh frasach fhar mo ghruaidh ;
'S gur iomadh aon do 'n tachar e
'S do 'n toir e acan buan ;
'S mor-bhreitheanas air thalamh e,
An diu do tkarruing bhuainn ;
'S bu fu aon phrop' cho bharantach,
Ge d' chenain, 's bha s' Taobh Tuath.

Gum bu phrop' do 'n rioghachds' thu,
'S na tioma a bha cruaidh ;
'N uar bha na breith'nis sinnte ruinn,
'S tric chuir thu Iobairt suas ;
Aig deanabh spairn ro dhichiolach,
'S aig stri ri Righ nan sluagh ;
Mar a rinn Maois ma Israel,
Aig tagair sith, 's gu 'n d' fhuair.

Ach co anois ni cairdeas ruinn ?
 Na ni ruinn baigh, na truas ?
 Tha sinn mar Uain gun mhatharaibh,
 Air 'r fagail air gach bruach,
 S tha breithinis and Aird Righ oirn,
 Nar Faigh air thoirt bhuainn,
 A bhà mar dhion, 's mar gharadh dhuinn,
 Mar Shàmu'l 's ann do 'n t-shluagh.

Co neach aig 'am bheil clisteaneachd,
 Nach cluinn an drast' am fuaim ;
 'S an guth co labh'r ri n' tairneanaich,
 Bho bheinn Shinai shuas :
 An *Soisgeul* air nar fagail-ne,
 'S an *solut* smalde bhuainn ;
 Cha *Coinnlear* thoirt as aite bhuainn,
 'S tha 'n *Trombpaid* sairt san Uaigh.

An *Trombpaid* bha g' ar barnuigeadh,
 'S g ar cuir air giard 's gach uar ;
 'N aghaidh innleachdaibh a naimhaid,
 Chum nar toirt gu slainnt' bhuan ;
 'S bhiodh tagair, mar bha Iacob
 Gu teachd na fhar', gu cruaidh ;
 Buan-chaithris gu 'm be t-abhais e,
 An uar bhiodh cach na 'n suain.

Gur goirt anois mar dheirich dhuinn,
 Gur domhain, geur, nar leon ;
 Tha sinn mar threud gun bhuachail aic',
 Na mar long' air chuan gun seoil ;
 Gun fhios cia 'n taobh a ghluaiseas sinn,
 'S an reul bha uar dol roimh'nn,
 Air tuiteam a chum na h-uaghach,
 'S e thug an uamhain oirn.

Gur eaghalach, ro uamhanach,
 Thu dhol co luadh fo' n fhod ;
 Tha breithinis aig luathachadh,
 'S gu 'm bheil a ghruaim gle mhor ;
 'S a liuthead Iobart uaignidheach,
 Cha thairgse suas le deoir ;
 'S coineamh fhoillaiseach bha durachdach,
 Aig urnuigh thu bhi beo.

Is aobhar clisgidh, 's curam e,
 An diomadh bhi ni 's mo',
 Nar cionnt' dhol roimh nar n-urnaighin,
 'S nar diuldeadh air an t-sheols' ;—
 A liuthad la mi-churamach,
 Bha sinn gun dusgadh fo',
 Do theagascg, falan, durachdach,
 Ga chuir gu dlu mar phoir.

B' tu 'm buachail a bha firinneach,
 Aig deanabh stri gach lo ;
 Chum do threud a thoirt gu direach,
 Gu fior-challa na gloir ;
 Bu tu 'n TEACHDFHEAR bha co priosal,
 'S a bh' ann do linn bho t-oig ;
 Cho soillear, comhrad; 's dichiolach,
 'N am mhionachadh na coir.

'S gur truagh tha do luchd-sgior' an diu.
 Mar dhileachdain gun treor ;
 Tha 'n cupe scarbh da riridh dhoibh,
 'Tha ac' san tioms' ri oll ;
 An soisgeul bhi ga 'n diobradh,
 'S nach robh san tir na b' mho ;
 'S neoil dhorchanois aig direadh oirn,
 Och ! 's tiblidh tha nar seol.

Gur i nar monais, 's mi-churam,
 Di caithris, suird, is deoin ;
 A dhun an diu do *Chupaid* oirn,
 'S thug oirn-ne duibhre is ceo ;
 Gu 'n robh do spiorad bruite leinn,
 'S do chriodh ciurt', lan broin ;
 Ga d' ghreasadh chum na h-uraich ; Oh !
 Nach d' umhlaich sinn dha d' ghloir.

'Se ni an t-aobhar ditidh dhuinn,
 'S a bheir oirn binn 'sa mhod ;
 A liuthead lai' a dhinn's thu dhuinn,
 Mar striochdadhl sinn do 'n choir,
 Gu 'n tigeadh breith'nis cinnteach oirn,
 Bhiodh ionadh filt' na 's geoir ;
 Och ! 's leir an diu gum b' fhirinn sud,
 Co 'r bith a chi nar doigh.

Bu tric aig togail fianais thu,
 Ann 'n aighaidh gniomh na feoil ;
 'S an aghai' n' h-uile diomhanas,
 'S an-mhiannaibh dhe gach seors' ;
 'S ar-son na bha dhé dhiomhaireachd,
 Am briathairibh do bheoil,
 O ! 'n cluinn mi 'n leith'd gus an criochnuich mi ?
 Na 'n cualas riabb na b' mbo ?

'Sé dh' fhaganois ro-chraiteach sinn,
 Thu bhi na d' thamh, 's na d' thosd ;
 Gu neach a sheasas t-aite dhuinn,
 'Se dh'fhag nar criodh goirt ;
 Is t-Eaglais bhi air fasachadh,
 'Se rinn nar crádh, 's nár lot ;
 Bha ga nar cumal aileasach,
 Anois gu 'n d' fhas i bochd.

Gur muladach gach Saibaid sinn,
 'N am dhol an-aird do 'n Chnoc ;
 Ri dhuinn bhi cuimhneach t-abhais-sa,
 Far b' gna leinn failt' a chuir ort ;
 Faicsin Minist'ribh ann t-aite-sa,
 Gun leithid a ghras, na chost ;
 'S an ait' nar loit a charamh dhuinn,
 'S ann dh'fhagas iad oirn sproic.

Gur iomadh aon a bharrachd oirn,
 Bha tarruing ann le 'n toil ;
 'S a bha teachd as gach *talamh*,
 As gach *bealach*, 's as gach *port* ;
 Bha beathachadh an anam leat,
 'Nois deurach air do shon ;
 'S cia fhad 's as beo air thalamh iad,
 Bhios orr' na h-eallach ghoirt.

Ach co iad riabh rinn eisdeachd riut,
 Nach eil na deur nan suil ?
 'S tha air cluinntin mu do dheighin,
 Gun d' chuirt thu fein san uir ;
 Nach eil aig athrais sgeulachd ort,
 'S aig cur an ceill do chliu !
 'S mor t-iunndran le na feumainich,
 'Ga 'm beil criodhaibh reult', bruit
 'S mor t-iunndran an am Orduighin,
 'S cha neonach leam a chuis ;
 Gum bu lionmhor anam leointe,
 Dheanadh solas ri do ghnuis ;
 Bu tric a chuir thu 'n dochas iad,
 Le solus mor, 's le iuil •
 Bho d' Phiobul, 's tu aig cnodachadh
 Gu comhnard na thubh'rt thu.

'N am riarachadh nam bordaibh dhuit,
 Bu mhor thu air an cul ;
 Gan teagasg, is gan seoladh, seagh,
 'S gan treorachadh gu ciun ;
 Gur iad a thigeadh deonach, bla',
 Na d' chomhail, 's ann gu dlu' ;
 'S chan fhaca' mi bho m' oige h-aon,
 Bu deonaich leo na thu.

 Bu tharais, cairdeal, coimhneal thu,
 'S bu Shaidhfhear thu co-dhiu ;
 Aig toir soluis agus soilse dhuinñ,
 Air gach troit'reachd, is lub ;
 Their d' bhrath'raibh gum bu bhoilsgeant thu,
 Aig cuir gach roinn gu taobh ;
 'S gach anam ghin,* na dhaighnich thu,†
 Mar Dhiamain 'n diu ann d' chrun.‡

Bha caomhalachd, bha stuaimeachd ort ;
 Bha suaicneas, agus tlas ;
 Bha irioslachd, bha truacantachd,
 Ann d' bhuidhibh uil air fas ;
 Bha aoidh, bha tlachd co-ghluasad ort,
 Bho bharr do ghruaig gu d' shail ;
 'S a thaobh an stuic bho 'n bhuanadh thu,
 Cha b' shuarach thu ri d' radh.

Bha 'n fhirinn ghlan mar shuanas ort,
 Le buaidh gu uair do bhais ;
 Bha n' h-Ainghil naomh ga d' chuartachadh,
 Ga d' thogail suas gu h-ard ;
 Dh'ionnsuidh an ionaid uasail ud,
 Neach thruailidh cha 'n fhar ann ;
 Gu cuideachd naomh, gun ghruaim orra,
 'Ga bheil an T-UAN mar cheann.

* 1 Cor. iv. 15

† Acts, xv. 41.

‡ 1 Thess. ii. 19.

Bha naomhachd ghrinn mar eididh ort,
 'S mar cheile dhuit bha gras ;
 Bha 'n Spioraid Naomh ga d' leidigeadh,
 'S umhlachd ort fein mar bhllath ;
 Bha Iomhaigh àn FHIR-REITICHIDH,
 Aig seuladh sud bho 's-naird ;
 Le ciall, 's le tuigse leirsineach,
 Mar ghathain grein, le blas.

Mar a ghrian 's na speurain thu,
 A' 'measg nan reult' fhar chach ;
 Aig toirt solus do na ceudain,
 Ri fad do re, 's do la ;
 Thog thu fianais an DUNEIDIN,
 Gu geur an aghaidh *Phaip* ;
 Bhiodh na b' mhios na sgrios na Heiph't dhuinn,
 Na 'n togt' a reist e 'n aird.

Gur tu theasairgin Strath-Eirin,
 Nan eigin 'n uar a bha ;
 'S iad fo' sgeod an t-shionuich reubaiddh,
 Bh' aig Mammon fein na thrail ;
 Na aghaidh 'n uar cha 'n treud aigé,
 'S tu fein a ghabh 'm pairt ;
 'S thilg thu 'mach bho chle na Cleir c,
 Dh'ain-deoin lagh na Eud bha dha.

Gum b' iongantach an leirsineachd,
 Bha agad fein do gna ;
 Do 'n Eaglais bu gle' eu'dmhòr thu,
 Cumal feinealeachd a bhan ;
 Gum b' aon dhe shoithich Levi' thu,
 Gun small, gun bheud, gun tair ;
 'S beag 's urra mis' a leabhadh ort,
 Dhe n' dh'fheadain fein a radh.

Bu teirc do leithid ri fheadain dhe
 Na tha fuidh n' ghrein san alls' ;
 'S na Teachdfheara 'ta eudmhor,
 Ac tha acan 'n deigh's do bhais ;
 'S tric thagair iad mu d' dheighin-sa,
 Mun d' eug thu, thu bhi slan ;
 Ach cuid, bha mar mhic Eli dhiubh,
 Gun duird bho 'm beul ga radh.

Bu tapaidh, is bu treubhach thu,
 Chum reiteachadh gach cas ;
 Aig Sionaidibh, 's aig Cleiribh,
 Gu 'n geileadh iad do d' dhan ;
 'S mor 'n diu tha bhron mu d' dheighin-sa,
 Ri fheadain anns gach ait' :
 An Deas, 's an Tuath, 's gach ceim dhiubh,
 'N Inbhirneis gu leir, 's an Aird.

Ach 's beag tharas mi fhein airidh,
 Dhe mhead 's tha chradh nar 'measg ;
 Do Cheile a bhi cho chraiteach, Oich !
 An drast', agus do shliochd ;
 'S ciod e aon nith' ni 'naird thu dhoibh,
 Cha 'n fhiosrach cach, na mis ;
 Ach an Ti a rinn a bhearn so,
 'S E charas far na bhris.

'S e. ghuidheam gu gle dhichiollach,
 Na 'n tarain fhein bhi glic ;
 An Spiorad bha air Elijah,
 Thigh'n air Elisha 'nois ;
 'S an Soisgeul bha thu libhirgeadh,
 Theachd 'nois gu inntin d' mhic ;
 'S le solus mor na firinn, e
 Ga mhineachadh le gibht.

O RIGH nan RIGH bi cairdeal ruinn,
 'S aig dol an drast' le ar beachd ;
 'S ann an ionad 'n fhir a dh' fhag sinn,
 Tabh'r dhuinn le gras a mhac ;
 Air a chriodh, agus air airne,
 Sgriobh d' statuin, is do reachd ;
 'S dean foghainteach na ait-sin e,
 Chum sabh'laidh do nar leith'd.

'S ma runaich THU nach tarladh so,
 Bi Fein dhuinn 'n drast mar thaic ;
 Ga nar gletheadh bho 'n luchd starsachd,
 'G iarruidh gharaidh oirn a sthreap ;
 Aig nach eil ni na 's fearr air bith,
 Na 'n Stiapan 'mhan nam beachd ;
 'S ge do robh sinn *cian* mar tha sinn,
 Cum na *meirlich* uainn 'mach,

O THI thug athn' do Lasarus,
 Theachd 'n aird 'mach bho n' chlach ;
 An deigh bais dha ceithir laithin,
 Thug a Spiorad dha air ais ;
 Na leigs' le h-aon gu d' Phaillinibh,
 Dh' ain-deon *Patronachd*, a steach ;
 Mur bi do ghnuis, 's do lath'rachd leo,
 Cuir saradh orr' le d' neart.

Ge d' tha sinn air nar cuartachadh,
 Le neoil cho gruamach, tiugh ;
 An dorchadas cho duaichne oirn,
 'S an solus uainn gun d' thug ;
 An TI ro naomh leis n' bhualadh sinn,
 Gur mor tha thruas na uchd ;
 Nar caoidh gu 'n ruig a chluasain-sa,
 Chum fuasgladh oirn gu moch.

'S e dh' fhag cho balach truagh sinn, sa
 Chuir gruaimean oirn cho tuir ;
 Nach i an aois thug uainn-ne thu,
 'S co luath 's a rinn thu sguir ;
 'S na gibhtin glic a fhuar thu ann
 Dó bhuaidhinish a chuir ;
 Is na seula bha thu fuasgladh,
 Gun neach ga 'n luaidh an diu.

Ach ni mi anois co-dhunadh,
 Air gach cuis bha mi 'g radh ;
 'S measam gach neach mar *Iudas*,
 Nach eil dhe m' run; 's dhe m' chal ;
 Do mhac a theachd gu do Chupaid,
 Mu runoich RIGH nan gras ;
 'S gu bhi mar tháic do 'n teaghlaich ud,
 A cuireadh rinn nar cradh.

MARBH-RANN MHAIGHSTEAR HUISTEAN

*MHIC AOIGH, Ministeir an t-shoisgeul ann Sgiora
eo-cheangailte na Moigh agus Dhal-fhearghuis.*

'S E sud an sgeul ata craiteach,
Chaidh shoirm an drast' nar cluais ;
Sgaol 'mach feadh na Duchain,
Air gach taobh dhinn man cuairt ;
Tha e duilich, ro chraiteach,
Do n' chuid araid dhe 'n t-sluagh ;
Maighsteir Huistean mo ghraidh-se,
Leis a bhas air thoirt bhuainn ;

Cha be dò chall-sa a tharladh,
Ge do cha' thu thoirt bhuainn ;
'S do ghairm 'mach as gach deuchain,
Gus a bhlas ata shuas ;
Bho gach daors' agus plaigh,
Is bho gach bas agus truaigh ;
Stigh 'measg an luchd aitich,
Tha seinn dhasan fhuar buaigh;

Ach 's ciurteach, muladach, craiteach,
A dh' fhag do bhas-sa 'n sluagh :
'S iad-s' shealbhaich 'n ni araid,
Anns gach cearnuidh mun cuairt ;
Bho n' chaidh t-ungadh bh' os-nairde,
Le fior ghrasa nan buaigh ;
A dh' fhag maiseach, ro bhla thu,
Lan do ghradh is do thruas.

'N uar dh' fhairdis mis 'measg nan uaisle,
 Ciod chuir fu' ghruidh sibh gu leir ?
 Agus a ris 'measg nan islibh
 Ciod dh' fhag sgith sibh gun fheum ?
 Cha 'n iad amhan a chuid araid,
 Ach buith'n gun ghras mar 'n ceadn' ;
 'S e 'm freagradh le cradh dhomh ;
 Och-on ! mar tha sinn na dheigh.

Rinn do bhas-sa da bhain-treabhach,
 Ann san am so gu fior ;
 Sgiore na MOIGH, 's do BHEAN-PHUISD',
 Co 's urra chunntadh an eis ?
 Tha na lotainse cho chraiteach,
 'S gun dh-thug iad strachd dhuinn gu leir ;
 Nan deanadh gaol agus blas e,
 Co b' urr' bhi slan ann do dheigh ?

Ach co-lions' geallana Chumhnaint,
 Do n' chnuasaich lag ud a dh' fhag ;
 Biodh t-fhear tighe do, n' bhian-treabhaich,
 Is gle' a chlann bho gach plaigh ;
 Dean am foghlum, 's an ceannsachd,
 'S an toirt a dh' ionnsuidh staid grais ;
 Chum 's gu meal iad mar oighreachd,
 Sud's le do chloinn-s' aig a bhas.

Bha do chomun, 's do ghrasan,
 Do n' bhuithin chraiteach bha fann,
 Gu an altrum, 's gu 'n arach,
 Mar dhealt aluin do 'n fhonn ;
 'S tu mar chuibhrigeadh bla dhoibh,
 Gu dion strachda bho 'n ceann ;
 Is cha 'n iaradh tu dh' aite,
 Ach 'n roum bu tair bhiodh ann.


'N tra chuimhn'eas mise mu t-abhais,
 Ni sud m' fhagal gu tinn ;
 'S do CHUPAID bhi nà fasach,
 Far am b' abhais leat seinn ;
 Tha i 'nois glaist leis a bhas,
 Is thus' gu brath cha d' thig innt' ;
 Thugte 'n COINNLEIR ro ailt' uainn,
 Is togaidh satan a cheann.

Aig an am-so, their satan,
 Theid mi gun dail feedh na tir' ;
 A chuir air aghaidh mo shean abhais,
 Ann 'mèasg mo chairdean gù leir ;
 A chum a lionadh le *ardan*,
 Le *briseadh* sabaid, 's le *sannt* ;
 'S tuile dhe mò luith'n basmhòr,
 Mar tha *misg*, is *cabraid*, is *danns'* ;

Ach tha feagal, 's tha cradh orm,
 E chuir' fear bla a rist' ann ;
 A bhios ri teanail nan cairdean,
 'S nach urr' bhi slan dhe an dith ;
 Their mu m' dheighlins' gu h-araid,
 Nach d' thig bho bheuls' ach ni cli,
 Is mar creid sibh a phairt ud,
 Gur sibhs' mo chairdeans' a ris.

Ach tha *Patronage* an aoigh ud,
 Fathasd slan ann san tir,
 Is gheibh mi leth-se, 's le m' chairdean,
 Ministeir laidir gun bhrigh ;
 A ghabh's Stiapan, gun ghrasan,
 'S sgapas blathain na tir ;
 'S an sin biodh mis, agus cach dheibh,
 A rist' a thanh ann an sith.

Ach tha t-eaglais na fasach,
 'S do roum'chin bla air fas fuar ;
 Agus cruinneachadh nan cairdean,
 Lan do chradh, is do ghruaim ;
 Is iad aig amharc nan aitibh,
 Far am b' abhais leat gluas'd ;
 Is ma 'ta aon neach gun chradh dhiubh,
 'S aid chuid is tair dhe 'n t-shluagh.



*MARBH-RANN UILLIAM MHIC AOIGH, bho
 Thyre : Fear-ceasnuichidh, uar-eigin, ann Sgiora co-
 cheangailte na Moigh agus Dhal-fhearghuis.*

Mo rhaoghaïn, 's mo ghradh,
 Dheth na daoine bha sgaoilte,
 Ann san t-shaoghal-sa 'mhan ;
 Bha do mhais, agus t-aoilteachd,
 A bhrigh naomhachd, is graidh,
 Na maise 'measg mhilltibh,
 Air 'n do libhirgeadh gras.

Bha do bheatha mar theagast,
 Gu leabaidh do bhais ;
 'S bha do bhriaraibh mar eilin,
 Bh' air an seideadh os-naird ;
 Bha do chomun co milis,
 Co fallan 's co tla ;
 'S gu 'm biodh iad mar an driuchd,
 Do 'n bhuithin bhruit' ud bha 'n sas.

'N tra rachadh tu dh' urnaigh,
 'S do shuil ri os-naird ;
 Bhiodh am pobul air 'n urachadh,
 Le na dhruigheadh troimh d' bheil ;
 Bhiodh do chriodh-s' aig gaoladh,
 Amach tonnanaibh bla,
 Bho 'n t-sugh bh' ann a t-anam,
 Do charanas graidh.

Ach a chairdibh biaidh'bh 'g urnaigh,
 Le nar suil ris a chuan,
 Do thoradh na h-iobairt,
 A thug saorsa mun cuairt ;
 Gus am faith sinn a bhearn ud,
 An nairde le buaidh ;
 'S am briseadh a chàramh,
 A thaobh fabhar an UAIN.

Cha Uilliam mo ghaol-se,
 As an t-shaoghal-so nunn ;
 Do dhionsaidh na tire,
 S' am bheil saorsa nach gann ;
 Bho 'n Deamhain, 's bho 'n t-shaoghal,
 'S bho gach daorsa 'ta ann ;
 Ach a h-aon dh' easbhuidh naomhachd,
 Cha 'n fheud e dhol ann.

Ach dh' fheamhmid seoladh,
 Troimh chomhradh do bheul ;
 'N tra labhradh tu mu 'n doigh ud,
 A ghabh trocair riut fein ;
 'S an tra dheanadh tu saorsain,
 Mu do libhirgeadh fein ;
 Bhiodh a bhuithin bhochd, bhruit' ud,
 Air an urachadh a reist'.

Ge do shiubhlainn na duchain,
 Air gach taobh dhiom mun cuairt ;
 Bho Thaobh Deas na rioghachd,
 Gus 'n ruiginn 'ris a mhuir thuath ;
 'S ge do shirinn gach aon dhiubhs',
 Air na shaoruich an t-UAN ;
 B' e am freagradh, le cradh dhomh,
 Och ! b' e nar bas e dhol uainn.

'S e ochd ceud thar aon mhile,
 A dh' uraisidh a dha,
 Dhe bhlianna 'n FIR-SHAORAIHDH,
 'N d' thainig caochla' do bhais ;
 Thug sud small agus bliadhnaichd,
 A measg diadhachd nar la ;
 'S chuir bhreith'nas ga lionadh,
 Ann nar fianais do ghna.

Bha ministearan laidir,
 Ri camhran ro gheur ;
 Ris-se, 's ri bhrathrean,
 Le 'n ardan, 's le 'm fein ;
 Ach ma thig iad gu brath,
 Gus an aite 'm bheil eis ;
 Chi iadsan gum b' fhearr e,
 Na aireamh dhiubh fhein.

Tha do cheile bochd, gruamach,
 Air a lionadh le cradh ;
 'S ann dhise nach b' ionadh,
 Gus an criochnaich a lai' ;
 As deighidh do dhiadhachd,
 Do chiall, is do ghradh ;
 'S co 'r bith do 'm b' aithn' do bheusan,
 'S iad dh' fliedadach so radh.

Biodh ise, is na dileachdain,
 Fuidh do shuilrineachd fein ;
 Fuigheadh am pearsa, 's an anma,
 Uaitse tearmuin gu leir ;
 Fuigheadh iadsan do ghrasan,
 Chum an arach dhuit fein ;
 Chum 's gu meal iad an t-ait' ud,
 Aig a bhas, ann bheil eis,

Tha na bain-tighearnaibh stuaim,
 'S na daqine uaisle do 'n reir ;
 'S na maighdeanaibh ordail,
 'S na daoine oga le cheil ;
 Mu 's beag, na mu 's mor iad,
 'S an fhior-bheo bhi nan creibh ;
 Ma fhuar iad ort eolas,
 Tha iad bronach a' d' dheigh.
 Bha mise ga d' amhraic,
 Ann san am ud dol bhuainn ;
 Air t-iomrachadh le Ainglibh,
 Gu aoibhneis gun ghruaim ;
 Bha thu cosmhul ri Iacob,
 Fhuar tear'nte as gach truaigh ;
 'S an deigh sud chaidh charamh,
 Le embalum 's an uaigh.

*MARBH-RANN Uilliam Mhic Aoigh cheudna,
le neach eile.*

SANN tha na cōmhara' déarbhitē,
Gu 'm bheil fearg air aii ARD RIGH ;
Ri nar Duchanaibh peacach,
A dhiult a theachd'rachd ro ghras-Emhorr,
Thug E dha-thigh bhuainn Uilliam,
Am fluthar mullaich' ro ailte,
As an Eaglais is isle,
Dh' ionsuidh an t-SÍRION is airde.

'S beag ən t-ionadh do bhraithribh,
A bhi craiteach, is brónach ;
Ann an àm dō na cairdibh
A theachd gu lathaircán ordugh,
'S nach fhaic iad ann Uilliam,
A ghuais mhulach bù stóilte ;
Bu tric, air bhi dhá bhi 'g utruigh,
A bhiodh an suilean a dortadh.

Bi sin a ghuais a bha fionalt,
Suairc, siobhailte, mhothar ;
Lan ealain is mineachd,
Ameasg gach inbhe, air a moraid ;
Ann an cumadh do phearsá,
Bha thu tlachdmhor, is domhal ;
Cruth co min ort ri maigdean,
'S am beul bu choimhneale comhra'.

Ach's i mhais a chuir CRIOSD ort,
 A rinn sgiamhach fhar chach thu ;
 Iomhaidhs' tharuing air t-anam,
 Ann an glaine, 's an ailteachd ;
 Ameasg na b' aithne dhomh 'dhaoine,
 Air na shaoraich 'a ghrasains',
 Bha iad aineamh ri fhaodain,
 Ann an gaol blia co bla' riut.

 Lo-chrann soluis bha boillsgeil,
 Soilleir, soilseanach, oir-dhearg ;
 Caomh, iriosal, baoghal,
 Do'n aireamh bhiodh leointe ;
 Duine misneachal, treubhach,
 Lan eud agus eolais ;
 Nach aomadh, 's nach geilleadh,
 Do rheusantaibh feolmhor.

 Plannt torach san fhianan,
 Bha gniomhach is saoth'rach ;
 Aig ruith 'a reise le curam,
 Ann an umhlachd gun chlaonadh ;
 Bha do bheatha, 's do thcagasg,
 Agus t-eiseimplcir naomh-sa,
 Na mor aoibheas do'n Eaglais,
 'S nan cuis eagail dhroch-dhaoine.

 Ann an dreachd an Fhir-ceisnich',
 Bha thu dleasnach, is dileas ;
 Aig innseadh a chunntart,
 Do gach duine bho'n fhirinn ;
 Is air ro-mhead an eolais,
 An seoltachd, is an innleachid,
 'S math dh'aineadh tu n'anail,
 S' nach biodh an fhallanachd chinnteach.



An uar a rachadh tu dh'urnaigh,
 'S do shuïl ris an airde ;
Ri AINGHIL a Chumhnaint,
FEAR-PÙISDA do ghraidih-se,
 Bhiodh toradh na tuise,
 Mar an driuchd tighein a bhan ort
 'S luchd nan crioich'chain bruite,
 Aig fuidhein tluis, agus slainte.

Bha do bhuaidhein co ciatach,
 'S co lionmhor nan airéamh ;
Le maise na diadhachd,
 Aig cuir sgiamh air gach pairt dhiubh,
 'S ge d' rachams' gan leabhadh,
 'S math bu leir dha do chairdibh,
 Gur beag 's aithn' dhomh innseadh,
 Dhe 'n oibear fhionalt rinn gras' ort.

Bha do bheatha co ceilleidh,
Co eudmhor, 's co gaolach ;
 Ann do dheileagadh cumant,
 Bha thu cumair 'measg dhaoine ;
 Ann sgach ceum dhe do chursa,
 B'e do chuspair iuil am **FEAR-SAORAIHDH** ;
 A rinn gu tearuinte do stiuradh,
 A steach do Churtaibh a naomhachd.

Bha t-fhianuis co glaine,
 Co fallan, 's co eudmhor,
 Air taobh an Fhir-shaoraidh,
 'N aghaidh daoine mi-rheusainte ;
 A thaoibh do ghaoil-se do'n fhirinn,
 Is do dhilseachd le chéile,
 Bha fear casaid nam braithribh,
 Mu do shalaibh aig téuimadh.

Bha luchd aiteachaibh feineal,
 Is mic Eli an toir ort ;
 Agus Eildfhearaibh tiorum,
 Gu minig ga 'n comhnadh ;
 Ach ge 'm b' ol leis an diabhal,
 'S na dheanadh an seors' ud,
 Rinn PRIONSE na Siocaint,
 Do dhion-se bho 'n doi-bheart.

'S e aon mhile, seachd ceud,
 A h-ochd deug, is ceithir fichead ;
 Ann san deach' do thoirt sabhailt,
 Bho gach gabhadh, is trioblaid ;
 Mu an robh thu toirt rabhadh,
 Aig sior-radh gu 'n d' thigeadh,
 Trom smachdachadh cinnteach,
 Air an linn-sa tha 'nois ann.

'S beag an t-ionadh a h-airnibh,
 A bhi craiteach, is leointe,
 Aig a Cheile so dh'fhag thu,
 Mar ri paisteachan oga ;
 Ach an TUITFHEAR do b' abhais,
 Bhi na PHARANT do 'n t-seors' ud,
 Gu 'n dean dion dhoibh na fhabhar,
 'S toirt gu AROS a GHLOIRE.*

* 1 Cor. xi. 1.—1 Pet. ii. 21.—Phil. iii. 18.

† 'S fearr failigradb an' oirb uasle,
 Na buaghachadh an' oibir mhi-mhoir.



